



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH NA GÀIDHLIG: AN TAIGH CÈILIDH PRESENTATION – A' TOIRT AN TAIGH CÈILIDH AIR AIS ANN AM BEATHA NAN EILEANACH

6 FEBRUARY 2024

Report By Chief Executive

PURPOSE

- 1.1 This Report provides background information concerning the presentation by An Taigh Cèilidh: *A' toirt an Taigh Cèilidh air ais ann am Beatha nan Eileanach*.

EXECUTIVE SUMMARY

- 2.1 An Taigh Ceilidh is a café and community hub in Stornoway which promotes Gaelic language and culture and provides employment opportunities for Gaelic speakers. It is based on the sociolinguistic idea of the need to provide “breathing spaces” for minority language usage. This means that An Taigh Cèilidh provides a designated, physical location where Gaelic is the default language of communication for staff and customers.
- 2.2 A range of social and cultural activity in Gaelic has been organised since An Taigh Cèilidh opened, with daily activities and frequent events. This includes: cèilidhs; poetry readings; traditional music sessions; Gaelic classes; Gaelic conversation sessions; and a Gaelic homework club.

- 3.1 RECOMMENDATIONS**
It is recommended that the Comhairle note the Report and presentation.

Contact Officer: Donald Weir, Gaelic Support Officer, Sgioba na Gàidhlig
Appendix:

COMATAIDH NA GÀIDHLIG: TAISBEANADH AN TAIGH CÈILIDH – A' TOIRT AN TAIGH CÈILIDH AIR AIS ANN AM BEATHA NAN EILEANACH

6 GEARRAN 2024

Aithisg leis an Àrd-oifigear

ADHBHAR

- 1.1 Tha an Aithisg seo a' toirt seachad fiosrachadh mu thaisbeanadh An Taigh Cèilidh: *A' toirt an Taigh Cèilidh air ais ann am Beatha nan Eileanach*.

GEÀRR-CHUNNTAS

- 2.1 'S e cafaidh agus mòr-ionad coimhearsnachd a th' anns An Taigh Cèilidh, a bhios ag àrdachadh Gàidhlig agus cultar Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, agus a bhios a' cruthachadh chothroman obrach airson luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha e stèidhichte air a' bheachd shòiseo-chànanach gum feumar àitean sònraichte, fiosaigeach a sholarachadh gus mion chànan a chleachdadh a-mhàin, a' ciallachadh gur e Gàidhlig cànan nàdarraich luchd-obrach agus luchd-ceannaich An Taigh Cèilidh.
- 2.2 Thathar air sreath de thachartasan sòisealta agus cultarach Gàidhlig a chur air dòigh anns An Taigh Cèilidh bhon a dh'fhosgail e, le tachartasan làitheil is sònraichte gu tric a' gabhail àite. Tha seo a' gabhail a-steach: cèilidhean; taisbeanaidhean bàrdachd; seiseanan ciùil thraidiseanta; clasaichean Gàidhlig; seiseanan còmhraidh Gàidhlig; agus club obair-dhachaidh Ghàidhlig.

- 3.1 MOLADHEAN**
Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge seo.

Cuir fios gu: Dòmhnall Weir, Oifigear Taic Gàidhlig, Sgioba na Gàidhlig
Fa-sgrìobhadh:

IMPLICATIONS

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1

Resource Implications	Implications/None	4.1
Financial	% to be met from Comhairle budgets	
Legal	None	
Staffing	None	
Assets and Property	None	
Strategic Implications	Implications/None	
Risk	None	
Equalities	None	
Corporate Strategy	Corporate Strategy Priority 1.5: Gaelic Language & Culture	
Environmental Impact	None	
Consultation	None	

BUAIDH

Tha na leanas mar bhuidhean a thaobh na h-Aithisge.

Buidhean Stòras	Buaidh/Neo-ni
Ionmhas	% ris an tèid coinneachadh bho bhuidseatan na Comhairle
Laghail	Neo-ni
Sgiobachd	Neo-ni
So-mhaoin is Tog	Neo-ni
Buidhean Ro-innleachdail	Buaidh/Neo-ni
Cunnart	Neo-ni
Co-ionannachd	Neo-ni
Ro-innleachd Chorporra	Ro-innleachd Chorporra Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar
Buaidh air an Àrainneachd	Neo-ni
Co-chomhairleachadh	Neo-ni

BACKGROUND

- 5.1 An Taigh Cèilidh opened on 17 December 2022, and is a community interest company, (a non-profit social enterprise). Gaelic is always the default language of customer service and Gaelic skills are an essential requirement for job applicants. An Taigh Cèilidh also now provides a permanent home for the Gaelic community cultural and heritage organisations, Gaelic Hebrides and Cabraich.

FIOSRACHADH

Dh'fhosgail An Taigh Cèilidh air 17 Dùbhlachd 2022, agus 's e companaidh leas na coimhearsnachd a th' ann, (iomairt neo-phrothaid sòisealta). Bithear an còmhnaidh a' cleachdadh Gàidhlig mar chànan seirbheis luchd-ceannaich agus feumaidh sgilean Gàidhlig a bhith aig an luchd-obrach. A bharrachd air sin, tha na buidhnean coimhearsnachd, cultarach agus dualchais, Gaelic Hebrides agus Cabraich, a-nis stèidhichte gu maireannach ann.

COMMUNITY IMPACT

- 6.1 An Taigh Cèilidh provides opportunities to socialise in Gaelic, addressing the social isolation of some on the Island. It strengthens community and social networks and protects Gaelic culture and heritage. An Taigh Cèilidh

BUAIDH AIR A' CHOIMHEARSNACHD

Bidh An Taigh Cèilidh a' comasachadh conaltradh sa Ghàidhlig, a' neartachadh com-pàirteachadh sòisealta an fheadhainn a tha nan aonar air an Eilean. Bidh e a' neartachadh cheanglaichean coimhearsnachd agus sòisealta

enriches Stornoway culturally, and acts as an education and network hub for those visiting the Island, and those who have recently moved to the Island. It supports the local arts, heritage, and sells products made by local Gaelic artisans. It is hoped that An Taigh Cèilidh can provide a community model for other, similar projects across Scotland.

agus a' dìon cultar agus dualchas Gàidhlig. Bidh e a' cur ri cultar na Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, agus tha e mar mhòr-ionad lìonraidh airson an fheadhainn a tha a' tadhal air an Eilean, no air gluasad dhan Eilean o chionn ghoirid. Bidh e a' cur taic ris na h-ealain ionadail, ri dualchas, agus ris an fheadhainn air an Eilean a bhios a' reic bathar Gàidhlig. Thathar an dòchas gun tèid An Taigh Cèilidh a chleachdadh mar theamplaid airson pròiseactan eile mar seo ann an Alba.